

4/12/25, Glaschu

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan [sa Chathair], Lachlan Peel (Teams), Rhoda NicDhòmhnaill (ach eadar 1015-1100), Marion Nic na Ceàrdaich, Ingrid NicEanraig, Daibhidh Byrne, Catriona Mhoireach, Calum Steele (Teams)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)
Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais) – puingean 4b/c
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh)
Katie NicRisnidh [KMR] (Neach-foillseachaidh Ùrlaran Didsiteach) – puing 4a
Kathryn NicAoidh [KMK] (Cathraiche Buidheann Leasachaidh Leantainneachd)
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Moireach [MM] Ceannard Craolaidh Gàidhlig & Caidreachas (BBC) – puingean 1-5

1. Leisgeulan

1.1 Calum MacLeòid.

2. Gnothach dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh

3.1 Molaichte le Ingrid NicEanraig agus daingnichte le Marion Nic na Ceàrdaich.

4a. BBC ALBA – sùil air Q2 2025/26

4.1 Bha pàipearan agus pasgain fiosrachaidh air beulaibh bhall.

- 4.2 Thug KMR seachad taisbeanadh air dèanadas stuthan goirid (short form) air ùrlaran didseatach.
- 4.3 Chaidh taing a bhuileachadh oirre airson taisbeanadh cho soilleir agus inntinneach.

4b BBC ALBA – pàipearan air suidheachadh dràma

An t-Eilean S2

- 4.4 Bha pàipear air beulaibh bhall le mìneachadh air an t-suidheachadh maoineachaidh. Chaidh innse gu crìoch a chur air a’ chùmhnaidh gu bheileas ag obrachadh tro chnapan-starra ionmhais is laghail iom-fhillte.
- 4.5 Thuirt MM gu bheil daoine air a bhith ag obair gu cruaidh gus am pròiseact fhaighinn chun na h-ìre seo ann an ùine ghoirid. Chaidh innse gu bheileas a’ dèanamh gach oidhirp gus am pròiseact fhaighinn gu riochdachadh sa Mhàrt. Tha gach pìos maoineachaidh ann an àite a thuilleadh air £50k ach nach eil sin na chnap-starra. ‘S e an obair an-dràsta fhaighinn thairis air na cnapan-starra laghail agus barganachaidh agus an obair phàipeir fhaighinn deiseil.
- 4.6 Bha aithne ann, bho thaobh riaghladh iomchaidh, gu bheil e cudromach gu faighear am pròiseact ri dhol sa Mhàrt.
- 4.7 Ge-tà chaidh aithneachadh gu robh riosg ann nach biodh am pròiseact air a chur gu dol ro dheireadh a’ Mhàirt.
- 4.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachaidh ach le tuigse cho cudromach ‘s a tha e gu faighear am pròiseact gu dol sa bhliadhna’ ionmhais, agus gum biodh fios air a chumail riutha mun sin.
- 4.9 **Gnìomh:** thèid ùghdarras fhoirmeil a’ Bhùird iarraidh tro phròiseas sgrìobhte nuair a bhios gach nì ann an àite. (DMD)

Loch nam Madadh

- 4.10 Bha pàipear air beulaibh bhall le mìneachadh air an t-suidheachadh a thaobh maoineachadh Sgrìn Alba, air an robhas a’ feitheamh.
- 4.11 Thuirt MC gu bheileas dòchasach gun tèid cùisean gu rèidh.
- 4.12 **Co-dhùnadh:** bha am Bòrd taiceil.
- 4.13 **Gnìomh:** thèid ùghdarras fhoirmeil a’ Bhùird iarraidh tro phròiseas sgrìobhte nuair a bhios gach nì ann an àite. (DMD)

4c. BBC ALBA – ùghdarras a’ Bhùird

- 4.14 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ sireadh ùghdarras, fo Riaghailt Ionmhasail C.5.3, gus Pasgan Caledonia 2024-2026 a lùghdachadh 15% a thaobh uairean a thìde, bho 24 gu 20.3 uairean.

- 4.15 Chaidh innse gur ann airson adhbharan *editorial* a bha seo, agus ged a bhiodh e a' ciallachadh nas lugha de dh'uairean a thìde bhiodh luach nas motha ann agus tairgse nas fheàrr airson an luchd-amhairc.
- 4.16 **Co-dhùnadh**: bha buill aontaichte (*agus thug Rhoda NicDhòmhnaill seachad aonta mus do dh'fhàg i airson greis aig 1015*).

5. SpeakGaelic & LearnGaelic

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le dàta mu dhèanadas agus soirbheachas LearnGaelic agus SpeakGaelic. Bha an dàta a' sealltainn gu bheil Ionnsachadh mar phàirt chudromach de na meadhanan Gàidhlig, agus gum bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cur seilbheach iomchaidh ris.
- 5.2 Bha aithne ann gu feumar a bhith ag obair nas fhaisge le SMO gus dèanamh cinnteach gu bheileas ag obair ann an com-pàirteachas seach a' dèanamh obair fa leth.
- 5.3 Bha aithne ann gu feumar aig àm air choireigin coimhead ri seilbheach eile a chur gu ruige an iomairt ach gu bheileas an-dràsta a' ruith leis an stuth a th' ann.
- 5.4 Chaidh innse gum bithear a' cur an cèill ro-innleachd ùraichte airson an dà chuid LearnGaelic agus SpeakGaelic ro thoiseach na h-ath bhliadhna ionmhais.
- 5.5 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

6. FilmG

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air a' phròiseact.
- 6.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

7. Aithris a' Chathraiche

- 7.1 Dh'innse an Cathraiche mu na coinneamhan agus tachartasan anns an robh e an sàs sa chairteal mu dheireadh.
- 7.2 Pàrtaidh Gàrraidh Holyrood – tòrr luchd-poilitigs agus cothrom bruidhinn. Sheall Miles Briggs BPA ùidh ann a bhith a' tighinn a chèilidh air a' bhuidheann.
- 7.3 Seòmar-malairt Inbhir Nis (far an robh Derek Brown, Comhairle na Gàidhealtachd, agus Rùnaire na Stàite an làthair) agus Seòmar malairt taobh siar na Gàidhealtachd.
- 7.4 Tachartas Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eileanan le Ceit Fhoirbeis BPA an làthair far a bheil brosnachadh dha thoirt do ghnìomhachasan Gàidhealach.
- 7.5 Coinneamhan ann an Lunnainn le Rùnaire na Stàite agus Ian Moireach BP.

- 7.6 Turas *Scotland Committee* a' BhBC ann an Steòrnabhagh far an deach moladh a dhèanamh air a' chom-pàirteachas eadar an dà bhuidheann. Chaidh ùine a chur seachad cuideachd le luchd-ùidh ionadail.
- 7.7 Neil Rennie a tha os cionn Foghlam agus Ceartas aig Riaghaltas na h-Alba.
- 7.8 Coinneamh bliadhnail neo-fhoirmeil le Ofcom.
- 7.9 Òraid Chuimhneachaidh Shir Iain Noble.
- 7.10 Tachartas le cathraiche agus Àrd-Oifigear bho Ofcom. Chaidh fiathachadh a thoirt a-rithist do dh'Àrd-Oifigear Ofcom a thighinn a Steòrnabhagh.
- 7.11 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

8. Slighe air adhart

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air
- DCMS - ullachadh airson deasbad nàiseanta mu ùrachadh Cairt agus maoineachadh a' BhBC, le dùil gun tèid Pàipear Uaine fhoillseachadh an ceann seachdainean, a leanas gu Pàipear Geal;
 - Litrichean a chaidh gu Rùnaire na Stàite airson Alba agus Leas-Phrìomh-Mhinistear na h-Alba sa Chèitean, a' sireadh cothrom bruidhinn mu bheachd airson Aonta Fàs airson Gàidhlig;
 - Ro-innleachd gnìomhachasan cruthachail (industrial strategy for the creative industries) a chaidh fhoillseachadh le Riaghaltas na RA;
 - Riaghaltas na h-Alba agus an uallach airson a bhith a' maoineachadh MG ALBA tro Ofcom.
- 8.2 Le aithne gu bheil trì dùbhlain mòra air an aithneachadh (rèite air maoineachadh, an treas pàirt de luchd-amhairc na Gàidhlig nach eil a' coimhead nam meadhanan Gàidhlig, agus roinn cruthachail chugallach) bha am pàipear a' moladh Lèirsinn ùr a sgrìobhadh airson an ùine suas gu 2030.
- 8.3 Chaidh innse gu bheil Ian Moireach BP le uallach aig DCMS airson Cairt a' BhBC/Cairt Craolaidh deònach ann am prionnsabal a thighinn gu coinneamh a' Bhùird san Fhaoilleach. Bidh na bhios aige ri ràdh na bhun-stèidh chudromach ann a bhith a' sgrìobhadh Lèirsinn na buidhne. Thèid litir a chuir thuige.
- 8.4 San eadar-ama, le feum air taic bhon taobh a-muigh airson 's dòcha sia mìosan bho chuideigin le eòlas air an t-saoghal didseatach, obrachaidh LMA leis a' Choimiseanair Didseatach agus an t-Àrd-riochdaire Didseatach ann a bhith a' cruthachadh cuireadh gu tairgse a thèid a-mach ro dheireadh na bliadhna.

- 8.5 Bha beachdan aig buill gu bheil e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil Ionnsachadh, Coimhearsnachd agus an roinn neo-eisimeileach cugallach aig teis meadhanan an Lèirsinn, a thuilleadh air buaidh eaconamach.
- 8.6 Chaidh deasbad a chumail air cho cudromach 's a tha e gu bheil na buidhnean Gàidhlig ag obair còmhla gu maith fàs na Gàidhlig agus a' coinneachadh uair no dhà sa bhliadhna, le feum air coimhead ri modh didseatach na Gàidhlig, a' gabhail a-steach teicneòlas agus na meadhanan. Chaidh ainmeachadh gu robh a-nis uallach airson ro-innleachd na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba. Bha faireachdainn ann gur dòcha gum biodh cuspair Lèirsinn MG ALBA na adhbhar coinneachadh ri buidhnean.
- 8.7 Bha aithne ann gum biodh e feumail nam biodh buaidh obair nam buidhnean Gàidhlig air a thomhas, a' gabhail a-steach gach nì leithid turasachd.
- 8.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche ach le aithne gu robh feum air cumail a' dol le na nithean sa bheileas an sàs aig gach ìre.
- 8.9 **Gnìomh:** 1) thèid litir a sgrìobhadh gu Ian Moireach BP le fiathachadh a thighinn gu coinneamh a' Bhùird san Fhaoilleach mar aig 8.3 (JM); 2) thèid cuireadh tu tairgse a-mach airson cuideigin fhadstadh gus taic a chur ri bhith ag ullachadh Lèirsinn 2020 (LMA); 3) thèid plana chur ri chèile airson bruidhinn ri coimhearsnachd na Gàidhlig tro phròiseas Lèirsinn 2023 (LMA).

9. Comataidhean

Comataidh Thuarastal

- 9.1 Chomharraich am Bòrd gur e Calum Steele a bha na Chathraiche air a' Chomataidh.
- 9.2 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 20/11/25.
- 9.3 Chaidh Rùn agus Dleastanas na Comataidh; atharrachadh ann an rùn Chomataidh Lèirsinn; atharrachadh ann an Sgeama Tiomnachaidh & Rianachd agus loidhne a thèid a chur ri na Gnàth Riaghailtean aontachadh.
- 9.4 Chaidh Bannan pàighidh + frèam-obrach chomasan a chomharrachadh.
- 9.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche.
- 9.6 **Gnìomh:** thèid na nithean air an ainmeachadh aig 9.3 fhoillseachadh. (MAMI)

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

- 9.7 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 25/11/25.

- 9.8 Chomharraich am Bòrd Aithisg Bhliadhnail Slàinte & Sàbhailteachd 2024/25, a bha air a chur air adhart leis a' Chomataidh.
- 9.9 Chomharraich am Bòrd an Aithris air Foill.
- 9.10 Chomharraich am Bòrd cho cudromach 's a bha e gu bheil an luchd-obrach agus am Bòrd a' gèillidh ri trèanadh saidhbear.
- 9.11 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta

Comataidh Lèirsinn

- 9.12 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 25/11/25.
- 9.13 Dh'innis Cathraiche na Comataidh gu bheileas a' leasachadh *dashboard* airson obair na Comataidh a thaisbeanadh ann an dòigh furasta gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Chomataidh a' faighinn an fhiosrachaidh iomchaidh bhon Àrd-sgioba Gnìomh.
- 9.14 Dh'fhaighnich Cathraiche na Comataidh a bheil a' Chomataidh ann an da-rìribh a' coimhead ri na nithean ro-innleachdail as cudromaiche agus an uair sin gan cuir air adhart airson aire a' Bhùird. Bheil greim gu leòr aig a' bhuidheann air comasan didseatach, bheil luchd-obrach, goireas agus maoineachadh iomchaidh na lùib? Bheil an ro-innleachd didseatach faicsinneach gu leòr airson a' Bhùird? Chaidh aontachadh gum bi an là leis a' Bhòrd san Fhaoilleach feumail ann a bhith a' cur seo fo dheasbad.
- 9.15 Chaidh soirbheas a' cho-labhairt Às Ùr a chomharrachadh.
- 9.16 Chaidh ceist a chur an robhas cofhurtail gu robh am meatraigs cheart aig a' bhuidheann ann a bhith a' tomhas dèanadas a thaobh stuthan goirid agus bheil e ga thomhas san aon dòigh ris a' chòrr den t-saoghal agus gu bheil seo an uair sin a' leantainn gu daoine a bhith a' coimhead susbaint eile agus ag àbhaisteachadh na Gàidhlig.
- 9.17 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

10. Aithisg an AO & an Stiùiriche Susbaint

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigeir agus an Àrd-Sgioba Gnìomh an-dràsta.
- 10.2 A thaobh pròiseact cruth-atharrachaidh na buidhne, bha aithne ann gur e obair leantainneach a tha ann a bhith ag atharrachadh modhan smaoineachaidh agus cleachdaidhean àbhaisteach, agus nach bu chòir an oidhirp a bha a dhìth a mheasadh le suarachas.

- 10.3 Chaidh innse gu bheileas an dùil beàrnan luchd-obrach a lìonadh tràth sa bhliadhna ùr, le prìomhachas dha thoirt gu obair margaidheachd. Bha aonta ann gur e obair aig àrd ìre agus chudromach a bha seo agus gu bheileas ann an còmhraidhean leis a' BhBC a dh'fhaicinn bheil comas goireis sam bith ri fhaighinn bhuapa taobh a-staigh na co-bhanntachd.
- 10.4 Chaidh fàgail Fiona NicChoinnich aithneachadh. Mar a' chiad aodann a nochd air BBC ALBA aig toiseachd na seanail, bidh ionndrainn oirre ach thèid gabhail ris a' chothrom am beàrn a lìonadh ann an dòigh innleachdail ro dheireadh na bliadhna. Chaidh deagh dhùrachd a bhuileachadh air Fiona airson na dreuchd ùr.
- 10.5 Chaidh iomradh a thoirt air co-dhùnadh na Buidhne Leasachaidh Leantainneach nach eil feum air Comhairle Luchd-obrach leis gu bheil buidhnean luchd-obrach agus slighean conaltraidh eile ann a tha gu leòr airson com-pàirteachadh luchd-obrach. Chaidh comhairle a shireadh bhon mheasadair Creideas nar Cosnaichean agus thug i dearbhadh seachad gu bheileas mu thràth a' dèanamh mòran de na tha Co-chruinneachadh na h-Obrach Cothromach (Fair Work Convention) a' sùileachadh, agus mar sin tha e comasach a bhith a' gluasad a dh'ionnsaigh sin ann an ìrean. Bidh e cuideachd gar cuideachadh gus coinneachadh ris na tha com-pàirtichean agus luchd-ùidh a' sùileachadh nuair a bhios sinn a' cur a-steach airson maoineachadh msaa.
- 10.6 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisg an AO agus an Stiùiriche Susbaint, dhearbha am Bòrd gun do ghabh iad fairear

11. Dèanadas (OKRan) Q2 2025/26

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air coileantachd amasan (KPIs) MG ALBA, a' Phlana Obrachaidh bliadhnail; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnail agus bhruidhinn DMD ris.
- 11.2 Chaidh beagan deasbaid a chumail mun lùghdachadh ann an ruigse am measg prìomh luchd-amhairc na Gàidhlig. Chaidh innse gu bheileas an dòchas gun tig piseach air an àireamh nuair a gheibhear cuideigin san dreuchd margaidheachd. Chaidh a chomharrachadh gu bheil leithid tachartasan beò, spòrs, An t-Eilean agus Hebridean Baker a' toirt buaidh dòchasach air an àireamh seo. Chaidh a chomharrachadh gur dòcha gun cuidich am modail soirbheachail a th' againn a-nis le sgrionaidhean coimhearsnachdan ann a bhith a' meudachadh na h-àireamh seo.
- 11.3 Chaidh innse gu bheileas a' dèanamh rannsachadh air an luchd-amhairc Gàidhlig agus an treas a tha a dhith.
- 11.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

12. Cunntasan Q2 2025/26

12.1 Bha cunntasan air beulaibh bhall agus bhruidhinn SMD riutha.

12.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte.

13. Meatraigs Riosg

13.1 Bha pàipear, mapa riosg ro-innleachdail ùr agus prìomh riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML ris.

13.2 Chaidh deasbad a chumail mu bhuaidh an t-atharrachadh ann an ceannardas a' BhBC agus am bheil sin na riosg do MG ALBA. Bha beachd ann gu bheil sin a' gluasad bho bhith na riosg meadhanach ùine gu bhith nas fhaig.

13.3 Bha aithne ann gu feumar sùil gheur a chumail air cùisean a' BhBC co-cheangailte ris na planaichean agus modailean aca a' dol air adhart ann a bhith ag ùrachadh a' Chairt Rìoghail.

13.4 Bha aithne ann gu feumar sùil gheur a chumail air cùisean poilitigeach agus na h-atharrachaidhean a dh'fhaodadh a bhith mu thimcheall cò am partaidh aig am bi cumhachd sna bliadhnaichean air thoiseach.

13.5 Bha aonta ann mu *zero tolerance* a thaobh trèanadh dion-saidhbear agus gum bu chòir am Bòrd a bhith air am faicinn mar ghaisgich na h-iomairt seo. Tha am Manaidsear IT air aithisg a sgrìobhadh an dèidh Aithisg Chomhairle nan Eilean Siar an dèidh an ionnsaigh saidhbear aca. Tha sgrùdadh in-taigh air cùisean saidhbear cha mhòr deiseil agus bidh e inntinneach na molaidhean fhaicinn. Chaidh a dhaingneachadh gu bheil àrachas saidhbear aig a' bhuidheann.

13.6 Bha am Bòrd làidir den bheachd gu bheil e riatanach gum biodh plana leantainneach ann ma thèid leithid an t-Àrd-Oifigear agus an Stiùiriche Susbaint dheth airson ùine. Thig pàipear chun na h-ath choinneamh mun seo.

13.7 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte.

13.8 **Gnìomh**: thig pàipear chun na h-ath choinneimh mar aig 13.6. (DC)

14. GISBE

14.1 Chaidh innse gu bheil buidheann air sgrùdadh a dhèanamh a thaobh sgilean Gàidhlig na buidhne a leasachadh agus bidh toraidhean sin rim faighinn a dh'aithghearr.

- 15. Deit na h-ath choinneimh** – thig buill air ais ro 12/12/25 mu deitichean 2026 agus thèid iad sin a sgaoileadh agus bidh coinneamh ann san Fhaoilleach far an tig Ian Moireach BP a bhruidhinn ris a’ Bhòrd.

Chaidh Nollaig Shona agus Bliadhna Mhath Ùr a bhuileachadh air buill a’ Bhùird agus luchd-obrach.